

## Gàidhlig

# DH'FHALBH SIUD... THÀINIG SEO...



## ...THIS IS NOW

### Glaschu 2014: Na Geamaichean

Disathairne 9 Lùnastal /  
Saturday 9 August

6f / 6pm

Sùil air na caractaran as fheàrr a rinn agus na farpaisean as teinne bho Gheamaichean a' Cho-fhlaitheis 2014 ann an Glaschu. Le beachd bhon luchd-aithris a bh' ann agus a chunnaic agus na lùth-chleasaichean a choisinn buinn.

Highlights of the Commonwealth Games 2014 in Glasgow. With insight from the reporters who witnessed the competitions and the athletes who won medals.

### Belladrum 2014: Cridhe Tartan BEÒ/LIVE

Dihaoine 8 Lùnastal / Friday 8 August  
Disathairne 9 Lùnastal / Saturday 9 August

9f / 9pm

An ceòl as fheàrr beò bhon fhèis. Live music festival coverage from the Garden Stage and Grassroots Stage.

### Dà Fhillte

Diciadain 20 Lùnastal /  
Wednesday 20 August

10f / 10pm

Sreath ùr. Julie Fowles, Muireann NicAmhlaibh is luchd-ciùil à Èirinn is Alba a' tighinn còmhla airson seiseanan sònraichte a tha a' sealltainn an dàimh a tha eadar an dà àite.

New series presented by Julie Fowles and Muireann NicAmhlaibh. Singers and musicians from Ireland and Scotland gather in Glasgow for musical sessions which celebrate common bonds.

### Rapal TV

Diardaoin 21 Lùnastal /  
Thursday 21 August

10f / 10pm

Sreath ùr. Tha Rapal Tbh air ais le 12 prògraman a' taisbeanadh cuid de na còmhlan as ùire ann an Alba an-diugh. Air a libhrigeadh le Emma NicAonghais agus Vic Galloway.

Rapal TV returns to BBC ALBA with a new twelve part series showcasing the hottest bands and artists emerging from the Scottish music scene today. Hosted by Emma MacInnes and Vic Galloway.

### Rathad an Referendum

Diciadain 27 Lùnastal /  
Wednesday 27 August

9f / 9pm

Le sùil air an Referendum mu neo-eisimeileachd do dh'Alba, bidh buidheann de eòlaichean agus luchd-taic bhon dà thaobh den deasbad ann an cuideachd Alasdair Friseal gus am beachdan a thoirt seachad air na ceistean mòra co-cheangailte ris a' cheist chudromach seo.

With the Referendum on the horizon Alasdair Fraser hosts a debate.

### Spòrs ri thighinn air BBC ALBA / Sport coming up on BBC ALBA

Iar-Chuairtean Cupa na Camanachd  
Camanachd Cup Semi-Finals

Kingussie v Fort William

Disathairne 9 Lùnastal  
Saturday 9 August 4pm

Skye v Glenurquhart

Disathairne 16 Lùnastal  
Saturday 16 August 4pm

### Ball-coise

Scottish Premiership Football Highlights

Motherwell v St. Mirren

Disathairne 9 Lùnastal  
Saturday 9 August 11pm

Hamilton Accies v St. Mirren

Là na Sàbaid 10 Lùnastal  
Sunday 10 August 9pm

Hamilton Accies v St. Johnstone

Disathairne 16 Lùnastal  
Saturday 16 August 10pm

Motherwell v Inverness CT

Là na Sàbaid 17 Lùnastal  
Sunday 17 August 10pm

LIVE Football

Dihaoine 22 Lùnastal  
Friday 22 August 7.25pm

St. Mirren v Dundee

Disathairne 23 Lùnastal  
Saturday 23 August 9.55pm

St. Johnstone v Aberdeen

Là na Sàbaid 24 Lùnastal  
Sunday 24 August 10pm



Allison Nic an Tòisich còmhla ri - bho cli gu deas aig a' chùil - Ceitlin L R Smith, Annabel NicIllinnein agus Mairead NicLeòid.

## Oileanaich aig a' BhBC

THA Allison Nic an Tòisich à Beinn na Faoghla am measg buidheann de dh'oileanaich a tha ag obair còmhla ri BBC Radio nan Gàidheal thairis air mìosan an t-Samhraidh.

Tha Allison, a tha ceithir thar fhichead bliadhna a dh'aois, air crìoch a' chuir air a' chiad bhliadhna de Chùrsa TV aig

Sabhal Mòr Ostaig agus as dèidh an t-samhraidh bith i a' tilleadh airson bliadhna Greis Gnìomhachais còmhla ris a' BhBC stèidhichte ann an Steòrnabhagh.

Thuir Marion NicFhionghuin a tha os cionn BBC Gàidhlig: "Tha e riamh air a bhith cudromach dhuinne gu bheil sinn

a' brosnachadh tàlant ùr airson gnìomhachas craolaidh.

"Tha sinn uabhasach toilichte leis na h-oileanaich a tha còmhla rinn gach samhradh ach am bliadhna tha sinn uile air ceum eile a' ghabhail le bhith còmhla anns an togalach ùr cruthachail Taigh Shìophort le cothroman fa leth airson gach oileanach."

## Uibhist ioma-chànanach – agus pròiseactan SMO

### Gordon Wells

"Multicultural", multilingual" – sin agaibh faclan a chluinnear tric gu leòr san latha a th' ann, gu h-àraid nuair a bhios daoine a' bruidhinn air mar a tha na bailtean mòra ann am Breatann ag atharrachadh – mar gur e rud ùr trioblaideach a th' ann cànan eile seach Beurla a chluinntinn san dùthaich seo. Ach fuirich mionaid, chan eil dad ùr do mhuinntir Uibhist ann a bhith cleachdadh dà chànan, no barrachd, nam beatha làitheil. Tha dà-chànanas cho nàdarra dhuinne nach eil sinn fiù 's a' smaoinichadh mu dheidhinn. Mar sin, 's dòcha gu bheil eòlas air choireigin againne mun ghnothaich, nach eil aig muinntir nam bailtean mòra? 'S dòcha gur urrainn dhaibhsan rudeigin ionnsachadh bhuanne...

Siud pàirt den fheallsanachd air cùlaibh a' phròiseict "Guthan nan Eilean", a thòisich an seo air ais ann an 2005. Air a ruith le Sabhal Mòr Ostaig (SMO), ann an co-obrachadh le buidhnean sa choimhearsnachd, leithid Cothrom agus Am Pàipear, agus le taic airgid bhon Roinn Eòrpa, tha Guthan nan Eilean air a bhith ag obair air stòras

air-loidhne a chruinneachadh a tha a' toirt a-steach an dà chuid Beurla agus Gàidhlig, agus fiù 's cànanan eile cuideachd, leithid Rùisis no Frangais.

'S e stòras sònraichte a th' ann, ann an iomadh dòigh. Gu tric, bidh daoine a' smaoinichadh gur e cànan sgrìobhte an cànan "ceart". Ach, le Guthan nan Eilean, tha barrachd ùidh againn ann am mar a bhios daoine a' bruidhinn. Mar sin chan eil e gu diofar an tèid agad air leughadh agus sgrìobhadh gus nach tèid – ma tha comas labhairt agad na rudeigin agad ri thabhann dhan phròiseact. Agus 's dòcha gur e sin an neart as motha aig a' phròiseact – gur e na daoine àbhaisteach a tha a' fuireach sa choimhearsnachd a tha a' togail an stòras a-nis, seach luchd-teagaisg no luchd-rannsachaidh proifeiseanta stèidhichte ann an oilthighean fada air falbh.

Chan eil sin ri ràdh, ge-tà, nach eil buntanas aig Guthan nan Eilean ri foghlam. Gu dearbh, tha. 'Sa chiad dol a-mach, ma thèid thu dhan làrach chì thu bheil tòrr stuthan-taice ann airson luchd-ionnsachaidh. Airson gach bhidio ann an Sreath a h-Aon agus a-Dhà faodaidh tu an cànan a leughadh

fhad 's a tha thu ga choimhead. Agus a bharrachd air sin, a' cleachdadh an inneal "Clilstore" a chaidh a leasachadh le SMO sa phròiseact Eòrpach "TOOLS", faodaidh tu facal sam bith air nach eil thu eòlach a lorg ann am faclair air-loidhne ann am barrachd air 100 cànan eadar-dhealaichte...

'S e rud gu tur ùr a tha sinn a' dèanamh an seo leis an teicneolas – ach stèidhichte ann an coimhearsnachd le eachdraidh fhada ann a bhith a' cleachdadh barrachd air aon chànan. Agus tha daoine eile ann an àiteachan eile airson barrachd fhaighinn a-mach mu dheidhinn na tha sinn a' dèanamh. Ann an "TOOLS", a tha dìreach air tighinn gu crìoch, bha SMO ag obair le colaistean air feadh na Roinn Eòrpa. Agus bidh an obair sin a' leantail oirre a-nis tro "POOLS-3", far am bi cànanan eile ùra a' tighinn a-steach, leithid Catalan, Seicis, agus Gàidhlig na h-Èireann. Airson barrachd fhaighinn a-mach, cuiribh fios gu Gordon Wells air 07879 644984.

Airson tuilleadh fiosrachadh mu Guthan nan Eilean: [www.guthan.wordpress.com](http://www.guthan.wordpress.com), agus làrach "Clilstore": <http://multidict.net/>